

An Iodhlann

2004.36.1

ON. AC346

Gaelic transcript - Angus MacLean of Scarinish talks to Dr John Holliday about a list of Gaelic words that are going out of use; includes some stories including one about the last changeling of Tìree.

**Holliday:** Glè mhath, tha e a' dol, thig a-staigh ... toisichidh sinn a-rithist...

**MacLean:** Seadh.

**Holliday:** Gèimhleag?

**MacLean:** Gèimhleag...O tha i...\*neo-shoillear\*...faisg orm, feumaidh mi na speuclairean eile a chur orm a-nis...seadh, 'crowbar'.

**Holliday:** Gèimhleag.

**MacLean:** Gèimhleag.

**Holliday:** 'Sacrifice'. Ìobairt.

**MacLean:** Ìobairt

**Holliday:** Ìobairt.

**MacLean:** Farachan

**Holliday:** Farachan.

**MacLean:** 'Mallet'.

Faiche.

**Holliday:** Faiche. Sin far a bheil na, na giomaich a' falaich.

**MacLean:** Sin agad e, faiche.

Mabach. Duine mabach, fear a bhiodh a' 'stammering' or 'stottering' fhios agad.

**Holliday:** Duine mabach.

**MacLean:** Mabach, duine mabach.

Tart.

**Holliday:** Tart.

**MacLean:** 'Thirst'. Pathadh am facal eile air a shon. Bhiodh sinne ag ùisinneachadh pathadh co-dhiù. 'S ann...cha chluinn thu uair sam bith a-nis, tart.

An Iodhlann

**Holliday:** Cha chluinn.

**MacLean:** Ach nuair a bha mise òg bha e bitheanta gu leòr, ach ga ùisinneachadh.

Lunndaire.

**Holliday:** Lunndaire.

**MacLean:** ‘Èirich, a lunndaire, gu grad!’ dh’abradh iad, anns a’ mhadainn.

**Holliday:** Duine leisg.

**MacLean:** Sin agad e, ‘Èirich, a lunndaire, gu grad!’

Malcadh, malcadh.

**Holliday:** Malcadh.

**MacLean:** Malcadh. Gheibh thu sin ann am fiodh...’s e seòrsa de ‘wet rot’ a tha sin, a th’ann am malcadh.

**Holliday:** O seadh?

**MacLean:** Ann am fiodh.

Glamradh.

**Holliday:** Glamradh.

**MacLean:** Glamradh, cha chluinn thu sineach an-diugh, chuala me is ’s e ‘vice’ e, ’s e tha iad ag radh’nn riu’, glamradh...

**Holliday:** Agus b’abhaist dhaibh a bhith...fiodh cuideachd?

**MacLean:** O àidh àidh àidh, bhiodh e...air a bheinnse aig na saoir cuideachd. Glamradh fiodh.

Dòrlach. Sin agad, e, badan de, de...connlach no cannlach a dh’abradh sinn ann a seach, cannlach.

**Holliday:** Cannlach...‘straw’.

**MacLean.** ‘Straw’.

**MacLean:** Taod. Cha chluinn thu taod nas motha aig daoine an-diugh.

**Holliday:** Cha chluinn, taod.

An Iodhlann

**MacLean:** ‘Head rope’, uill dh’fhaodadh e bhith air each, dh’fhaodadh e...air beothach croit no a lethid sineach, chan eil e ach mun cuairt an ceann is fairis air an t-sròin fhios agad...

**Holliday:** Uhuh.

**MacLean:** E, taod...

Geinn.

**Holliday:** Geinn.

**MacLean:** Geinn, tha am fear sin furasta gu leòr.

**Holliday:** Tha.

**MacLean:** Bha. Bha brath’r-seanair dhomhsa sineach agus, o, bha seo o chionn iomadh, iomadh, iomadh bliadhna, agus phòs am brathr’-seanair sin, Ailein Bàn ’s e bh’air, phòs e a’ cheathramh h-uair mar a bha e corr is ceithir fichead bliadhna, agus bha sin thall ann an Canada, agus bha bodach an seo-ach, Eoghain a’ Mhuillear, agus bha e ’s a Phost Office ann a Scairinis thall an uairsin, agus chualaig e an nàidheachd gun do phòs Ailein Bàn is bha fhios aige de an aois a bha e. ‘Obh, obh, obh,’ thuirt e ‘Fanaibh sibhse chlann, ’s e geinn dheth fhèin a sgoltas an darach!’

(Gaireachdainn)

Chuir i sin às do dh’Alain Bàn! Tha mi creidsinn gun do rinn i sin cuideachd.

(Tuilleadh gaireachdainn)

Falman.

**Holliday:** Falman.

**MacLean:** ’S e ‘failmean’ a dh’abras iad an seo, tha mi smaointinn gur e falman an litreachas ceart ‘f a l m a n’, ‘kneecap’.

Imcheist. Bha mi ann an imcheist.

**Holliday:** Bha.

**MacLean:** ‘Anxiety’.

Malairt. A-nis, ’s e seann facal tha sin, tha sin a’ dol a cheart uisig gu ‘barter system’. Gu sònraichte ann an seo-ach, ’s ann...

**Holliday:** Cha robh airgead...bha airgead gann.

**MacLean:** Bha an t-airgead gann. Sin agad an rud, dh’fhaoidte gur ‘eil uighean no ìm no gu de, cha robh ‘paper’ a bhiodh aca airson rudan a cheannach.

An Iodhlann

Uill, faidhir, chan eil am fear sin, chan eil e cho sean. Faidhir Ghlaschu.

Agus, donnal.

**Holliday:** Cha chuala mi sin, donnal.

**MacLean:** Donnal. Bha an cù a' donnalaich. 'Howling', donnal, 'howl'.

Duine stuama.

**Holliday:** Stuama.

**MacLean:** Stuama.

**Holliday:** 'Steady person.'

**MacLean:** Sin agad duine stuama tha daonnan air an aon dòigh a thaobh 'personality'.

Neoni. Uill, tha am fear sin, biodh iad ag ùisinn eachadh am fear sin corr uair ach 's fhada o'n chuala mi e.

**Holliday:** Uhuh, a dh'ùisinn eachadh a thaobh aireamhan, neoni a h-aon, ceithir a h-aon...

**MacLean:** Uill, ann a seo-ach 's e, 's e...chan e sin uile gu lèir a bha iad a' ciallachadh airson a seo-ach cuideachd...ach rudan beag de ni sam bith...na robh thu a' dol a' dhol a' dh'itheadh cèic no lethid sin de rud, 'O cha ghabh mi ach neoni dhe sin.'

**Holliday:** O seadh.

**MacLean:** Dìreach pìos beag, beag a bha e a' ciallachadh ann a seo.

O, cladhaire. O, nach tu cladhaire! Ach bha iad a' ciallachadh cladhaire ann a seo-ach mar a biodh seòrsa de...de dh'amadan, ach chan e sin a bh'ann, 's e cladhaire 's e...cha robh gin de seo le m' fhiosrachadh sa co-dhiù ach 's e daoine a bha a' fantail ann an...ann an cladhan, 'churchyard dweller', cha robh gin dhiubh seo le m' fhiosrachadh sa co-dhiù.

**Holliday:** Cha robh.

**MacLean:** Duine gun furas. 'A person without patience.' Furas. An cuala tu am fear sin, chuala, tha fhios.

**Holliday:** Cha chuala.

**MacLean:** Nach cuala? Furas?

Iall. Uill, 's iomadh latha nach cuala mise iall co-dhiù...bhiodh iad a' cur iall air a' bhualtean, fhios 'ad...a' bualadh a's an t-sabhal aca, bhiodh an iall eadar am buailtean agus an làmhchrann.

**Holliday:** Tha mi a' tuigsinn, uhuh.

## An Iodhlann

**MacLean:** Chan e ròpa 's chan e streang no dad mar sin ach 's e iall, e...à seiche caora na lethid sin a bhiodh aca.

Teann an null 's gar thu fhèin...

**Holliday:** Garadh?

**MacLean:** Garadh.

**Holliday:** Chan e 'garden' a th'ann, 's e rud eile...

**MacLean:** 'A d h', no, garadh.

**Holliday:** Garadh.

**MacLean:** Warming. Gar thu fhèin aig an tinnich ach...

**Holliday:** ...Gar thu fhèin.

**MacLean:** 'S e 'gar thu fhèin aig an tinnich' ach, e, 'bheir garradh math dhut fhèin', fhios 'ad, ga ùisinneachadh anns an 'sense' sin.

**Holliday:** Tha mi a' tuigsinn.

**MacLean:** Tha 'warming.'

Nis, Feabhas.

Tha am fear sin agad co-dhiù, feabhas. 'Improvement.'

Luime lom. Tha sin...chan urrainn dha a bhith nas loma na sin! Luime lom. Dìreach 'absolutely bare.'

Tàl. Uill, cha chluinn thu sin an-diugh nas moth'...

**Holliday:** Cha chluinn, dè th'ann an tàl?

**MacLean:** Tool. Tha 'a d z e' 'adze' a dh'abaras feadhainn...theid agad air ag radh'nn...tri diofar dòigh. 'S e mar...a chi thu sgrìobhte anns an t-saoghal a th'ann an-diugh, 's e 'a d z e' a th'ann. Carpantairean a bhiodh ag obair ann am bàtaichean, 's e 'ite' a' dh'abaradh iad. Agus saoir, 'joiner', 's e 'eit' a dh'abaradh iad.

**Holliday:** Uhuh. 'Ite' is 'Eit' uhuh. Tha mi a' tuigsinn.

**MacLean:** 'Adze' is 'ite' is 'eit', bha e a-rèir am fear ciùird...a bh'ann, bha e ag radh'nn diofar dhoighean.

Innean gun teigeamh, 'anvil'.

## An Iodhlann

Geilb. Cha chluinne mi geilb aig daoine a-nis, ‘wood chisel’.

Agus snasail...o bha sineach air a dhèanamh gu snasail...bha e laidir is bha e grinn air a dhèanadh, rud sam bith, ann am fiodh no ann an iarann, bhiodh e...bha e air a dhèanadh gu snasail.

Gaoid.

**Holliday:** Gaoid.

**MacLean:** ‘Defect in health’. ’S e...bha gaoid anns an duine sin...ge be gu dè an dòigh...

**Holliday:** Bha rud ceàrr.

**MacLean:** Bha rudeigin ceàrr air rudeigin, bha gaoid ann...mhm.

O, faradh nan cearc, tha am fear sin agad co-dhiù.

Fannadh. ‘Setting hand lines’. Duine a bhiodh a’ fannadh is fear eile a bhiodh a’ ‘golmanach’...chan eil...

**Holliday:** A’ golmanach...

**MacLean:** Golmanach.

**Holliday:** Sin...sculling...

**MacLean:** Sin agad e.

**Holliday:** ’S e lìn bheag...

**MacLean:** Lìn bheag.

**Holliday:** Lìn mhòr?

**MacLean:** O lìn bheag.

**Holliday:** Lìn bheag.

**MacLean:** Bha rud beag diofraichte leis an lìn mhòir, chan eil mise cinnteach gu dè...chan fhaca mi air a dhèanamh riamh e.

Ealag. Gheibheadh tu...ealagan uaireigin an t-saoghal air a’ chladach. ’S e pios a bhiodh a’ ghearradh às a’ chraoibh, dh’fhaoidte gum biodh an leud sin às a’ chraoibh agus...bhiodh an doimhneachd sin annta de ‘section’ na craoibhe, agus an toll, air a’ chur roimhe agus bhiodh...rud de dh’iarunn mun cuairt, cearcall de dh’iarunn mun cuairt anns an toll. Agus, ’s ann airson...a bhith le tàl no le tuagh, dh’fhaoidte gum biodh tu a’ dèanamh bioran-tinnich no a lethid sin...agus bha an ealag sin, bha i fiadhaich math airson na h-obair sin. Bha e cumanta gu leòr a seo nuair a bha mise òg, ealag, cha mhòr nach robh ealag aig a h-uile croit.

An Iodhlann

**Holliday:** An robh?

**MacLean:** Nis, dis.

**Holliday:** Dis.

**MacLean:** Dis.

**Holliday:** ‘Feeling cold.’

**MacLean:** Brrrr. Tha thu titheach air an fhuachd fhaireachdain, ’eil fhios agad, tha thu dis, tha.

Teas, teis-meadhan.

**Holliday:** Teis-meadhan. ‘Right in the middle.’

**MacLean:** Àidh, ‘right in the middle’, teis-meadhan.

Gearnal. Tha am fear sin, tha cumanta gu leòr an seo-ach, cha chluinn thu an-diugh a th’ann (‘meal-chest’.)

O, nach eil e gàbhaidh!

**Holliday:** Gàbhaidh!

**MacLean:** Gàbhaidh.

**Holliday:** Gàbhaidh.

**MacLean:** Nach eil e gàbhaidh. Terrible.

Sin a dh’abras iad anns an eilean Sgitheanach, tha diofar, diofar faclan...o ’s e - o, nach eil e doirbh, abraich iad anns an t-eilean Sgitheanach!

**Holliday:** Abraich.

**MacLean:** Ach ’s e gàbhaidh a dh’abras ’ad an seo.

Farchluais.

**Holliday:** Farchluais.

**MacLean:** Farchluais. ‘Evesdropping’.

**Holliday:** Tha mi a’ dèanamh farchluais.

**MacLean:** ’S e, àidh. Seadh eile...’s e dòigh nas fhearr cluaiseadh. Cha robh coir agad a bhith ga dhèanamh!

## An Iodhlann

Nochd. Nochd thu fhèin. ‘Reveal yourself’.

A’ stri, a’ stri ri rud. ... A’ stri, tha mi stri ris a rud tha seo-ach o chionn latha, chionns’...

E, ailbheag. Dh’abaradh iad rithe.

**Holliday:** Ailbheag.

**MacLean:** Ailbheag. Cia mheud ailbheag a tha san ‘chain’ tha sin.

**Holliday:** O, seadh?

**MacLean:** ‘Link’.

**Holliday:** A cheud duilleag, ’s math sin.

**MacLean:** O, seo agad fear math. ’S e...ann an Tiriodh, dh’abrath iad ‘fualaid’. Cha robh ‘r’ idir ann...airson nach robh na Tirisdich, cha robh iad math riamh air ‘r’ a’ chur ann am facal nan gabhadh e fagail às! E, tha e nas duilliche ag radh’nn mur a theid – chuireas tu ’n ‘r’ a-staigh...litir ‘r’. Fuarlit’. Agus chan eil ann ach fuar, ‘cold’. Agus lite, ‘porridge.’

**Holliday:** Uhuh. Bheil facal agaibh ‘lite’ airson brochan?

**MacLean:** Uill, chan...sin a dh’abras iad air falbh as a seo-ach air fad...cha chuala mise riamh ach brochan anns an eilean seo.

**Holliday:** Cha chuala. Ach fuarlit’ a th’agaibh.

**MacLean:** ’S e, fuarlit’.

**Holliday:** ‘Poultice’. Agus, dè stugh a bha sibh a’ cleachdadh airson fuarlit’ mar sineach.

**MacLean:** Eh...min-choirce, dè, a cheart rud, dòigh a’ dhèanadh tu brochan, brochan fuar, sin agad rud a bha iad a’ cur air...air...na robh rud sam bith a bha lionachadh aig duine...tha diofar ghnothaichean aca, ’s e brochan fear dhiubh...bha siabann is siucar air a chur ann, air ùisinnachadh, bha Epsom Salts agus...’s e a...‘lint’ bhiodh aca uaireigin an t-saoghail...bhiodh Epsom Salts air a’ leaghadh ann an cupa agus bhiodh...pios den ‘lint’ tha sineach air a’ chur ann agus air a’ chur air a...gu bith gu de bhiodh a’ lionachadh ort ’s bhiodh e tarraing air...o, nis.

**Holliday:** Stugh.

**MacLean:** Air an stugh!

O, seo a’ad fear eile tha iad ag ùisinnachadh ann an Ìle...agus tha e air a tharraing a-mach gu fiadhaich am facal tha sineach aca, is tha làn am bèoil aca mar a tha iad ag radh’nn...O, nach eil e fuathasach, abraich iad, nach eil e fuathasach...abraich iad ann an Ìle, ‘terrible’.



An Iodhlann

**Holliday:** Uhuh, de dh'abradh tu ann a sheo?

**MacLean:** Uill, 's e...uill abradh sinn an seo...uabhasach, uill abradh sinne seo-ach cuideachd, fuathasach, ach chan eil e air tharraing a-mach an dòigh a tha aig na h-Ìlich...

Anabarrach.

**Holliday:** A bheil 'ceò nan losgan' agaibh? Chuala mi sin, bha Bella ag radh'nn sin bha...an t-seachdainn seo chàidh agus bha...bha ceò gu math tiugh ann...agus bha i ag radh sin 'tha ceò na losgan' aca ann an Ìle.

**MacLean:** Cha chuala mi sin riamh.

**Holliday:** Nach cuala?

**MacLean:** No, cha chuala mi sin riamh.

**Holliday:** Anabarrach. 'Very'. Agus dè chanas sibh? Fasg-

**MacLean:** Fasgnag.

**Holliday:** Fasg-nag.

**MacLean:** Fasgnag.

**Holliday:** Uhuh. Dè th'ann an, o, seadh, tha mi a' tuigsinn...criathar...

**MacLean:** Criathar...criathar ach... 's e 'riddle' tha sineach th'agam, chan eil tuill ann idir, chan eil ann ach dìreach...an craiceann slàn gun tuill idir ann 's bhiodh iad ga ùisneachadh a' càthadh an t-sil ma (mun) robh muilleann no lethid sineach aca, 's a bhitheantas ma \*neo-shoilleir\* a sineach duine sa mheadhan nach robh mhuilleann, 's e seann-mhias 'tin', a bhiodh aca, 's cha robh fasgnag, cha robh i mòran is òirleach a dhoimhneachd air fad, bha thu a' cur an t-sil orra, leis a' ghaoth, 'l fhios agad...bha thu ga chumail mar seo \*crathadh paipearan\*, bha sìol \*neo-shoilleir\* no moll...

**Holliday:** A' tuiteam.

**MacLean:** Bha e a' tuiteam dìreach sìos... 's bha a' chàth a' falbh leis a' ghaothaich, an 'chaff'...

**Holliday:** Uhuh, tha mi a' tuigsinn...tha...

**MacLean:** Fasgnag.

Fàrdachd. Fàrdachd, 'dwelling', fàrdachd... 'a dwelling of any description.'  
Fàrdachd.

Sùcan. (an earthen pot) Chan eil sùcan air ùisneachadh a-nis a seo co-dhiù.

An Iodhlann

**Holliday:** Chan eil.

**MacLean:** Hmm. Tarchluis (Tarcuis)

**Holliday:** Tarchluis?

**MacLean:** Tarcuis. Tiamar a seo tha rud a 's e \*neo-shoilleir\*...

'S math an cocaire an t-acras  
'S mairig a ni tarchluis air biadh  
Stapag eòrn' an sail mo bhròige  
'M biadh a b'fhearr a dh'ith mi riamh.

Sin agad am facal sin, tarchluis.

Ospag. Thug e ospag às.

**Holliday:** O, thug.

**MacLean:** 'Sob'...

Dh'abradh iad ann a seo 'àmh'. Mar sin 'tàmh'. 'S e mo sheanair, dh'abradh e 'tàmh'.

Sùiste. 'Flail.'

Bèarn. 'Gap'. Ma chuireas tu sgeilb a truinnshear no a lethid sineach, o tha bèarn ann a-nis.

Deanmholta.

**Holliday:** Deanmholta.

**MacLean:** Deanmholta.

**Holliday:** Deanmholta.

**MacLean:** Ma rinn thu rud sam bith...ann an iarann no..

**Holliday:**...math (air) a dhèanadh.

**MacLean:** Bha air a dhèanamh gu laidir, deanmholta.

Fadaidh ris an tinnich. Fadadh. Dh'fhaodadh tu, iomadh dòigh aca seo, mar a bhiodh iad a' tighinn...toirt beò teinnich dhut...bhiodh bolg beag aca, bitheantas, bhiodh iad a' cur paipear suas ri aghaidh an 'stove' cuideachd.

Falaisg. Falaisg.

**Holliday:** Am biodh sin a' tachairt ann a sheo-ach...?

## An Iodhlann

**MacLean:** Bha... 'S e, 's e...cha robh fraoch an seo-ach, ach bhiodh seann-fheur, bhiodh iad airson...faodainn air falbh leis ann an seo-ach...ma rachadh dh'fhaoidte treabhadh a dhèanadh is dh'fhaoidte gum biodh...cha robh mòran bheothaichean aig an àm a bha sineach co-dhiù, a-mach air a...air na croitean...a' ghleidheadh a feur lom is bha e fàs, o, bhiodh e fàs suas faisg air troigh a dh'àirde, agus mar a dh'fhalbhadh an sùgh às dh'fheumadh iad a' losgadh...mu rachadh an t-àite a threabhadh.

**Holliday:** So bha falaisg ann?

**MacLean:** Àidh, sin agad e.

O, bha sin agad cheana nach robh? Fuarach? Sin agad dòigh bhiodh iad ga ghràidhinn ann an seo ach...

**Holliday:** 'Ok'. Fuar-lite.

**MacLean:** Fualit'.

Cha robh 'n 'i' ann. Cha robh 'n 'r' ann.

**Holliday:** 'Ok'. Is tha siud...nas ceairt'?

**MacLean:** Àidh, dh'abrain.

**Holliday:** Dh'abrain, dha rìreabh, 'indeed'.

**MacLean:** ...Tha, da rìreabh. 'Yes, indeed.' Tha da rìreabh.

**Holliday:** Tha...

**MacLean:** Thug mi leam ultach de rud sam bith, ultach...no eallach, ultach no eallach, 's e car an aon...

**Holliday:** 'Load.'

An àite luchd?

**MacLean:** Àidh.

Filleadh.

**Holliday:** O, 'right'.

**MacLean:** Filleadh. Chuir thu filleadh air rud, chuir thu 'hem' air, no 'fold.'

Cuinneag. Bha diofar rudan ann ris an abradh iad cuinneag ach 's e...peile-fiodh...

**Holliday:** Dè meud?

**MacLean:** O, dìreach, caran...dh'fhaoidte...mu dha ghalan tha sineach a bhiodh annta...

## An Iodhlann

**Holliday:** O, 's e.

**MacLean:** Nis, bha cuinneagan cuideachd aig' air a' chladach, far am biodh iad ag iasgach far na creige a bh'ann an sin 's bhiodh iad...a' pronnadh sòl...agus thairis air na bliadhnaichean bhiodh an toll a' fàs na bu doimhne is na bu doimhne, is chunna tu fhèin as na creagan ann a sineach...

**Holliday:** Àidh, chunnaic.

**MacLean:** 'S e cuinneag a dh'abaradh iad ris.

**Holliday:** 'S e cuinneag cuideachd? Toll-sòl.

**MacLean:** Cuinneag, àidh, agus fear eile cuideachd, far am faigheadh tu, tha feadhainn ann an seo-ach cuideachd, mar a bha mhuir-tràighe ann, agus gheibheadh tu...anns na creagan gheibheadh tu an t-uisge a' dol suas na...na spùt beag suas...ach chan fhaiceadh tu sineach le, mar a bhiodh an làn a-staigh, chan fhaca mise riamh e tachairt air tìr, an rud ach, tha gu leòr dhiùbh mun cuairt ann an Tiriodh, chan eil cuimhn' agamsa ca' bheil iad an-diugh... 's ann sear a bu mhotha bha mise eòlach co-dhiù, is tha fhios agams' gu bheil iad sear...bha an t-uisge, bha e cho 'fresh' 'sa ghabhas, cha robh e saillte no ni...

**Holliday:** Cha robh.

**MacLean:** Cha robh.

**Holliday:** 'S e cuinneag a th'ann cuideachd?

**MacLean:** Cuinneag.

**Holliday:** Tha mi a' tuigsinn.

**MacLean:** Umpaidh.

**Holliday:** Umpaidh.

**MacLean:** Umpaidh, àidh, umpaidh e! 'Dunce.'

Oitir. Tha am fear sin agad co-dhiù. ('headland')

Athadh. 'S e 'abhagh' a dh'abradh iad an seo. 'Abhagh'. Chan eil fhios 'am dè ach 's e 'athadh'...an litreachas ceart co-dhiù.

**Holliday:** Dè th'agaibh ann a sheo? 'Abhagh.'

**MacLean:** 'Abhagh'.

Aimsir. Bha mo sheanair is na seann daoine bha sineach, bha iad ag ùisinnachadh an fhacal sin gu math na bu bhitheanta na sìde, dh'abradh sinn, sinn a' bruidhinn air sineach, ach 's e sìde as motha a bha sinn a' bruidhinn air, ach 's e aimsir a bha 'asan a' bruidhinn air.

An Iodhlann

**Holliday:** 'S e.

**MacLean:** 'Aiteamh'...mòr am beud e. 'Loss'... \*neo-shoilleir

**Holliday:** Gabhaidh mi sin cuideachd...

**MacLean:** Uhuh, mòr am beud e, 'loss'.

Càblaid, o nach ann a siud a bha càblaid.

Adag. Cha chluinn thu ach corr uair seo a-nis, 's e Eòghann Eàirdsidh ann an Cornaig, 's esan a dh'adagan!

**Holliday:** Cha chuala mi...

**MacLean:** Ìotadh. Ìotadh. Thirst. Tha Ìotadh orm.

**Holliday:** Seann fhacal a tha siud.

**MacLean:** 'S e, o, dais, daise, bha iad a' cur 'e' ann a seo-ach, daise, ach 's e dais...

**Holliday:** Ca bhitheadh sin anns an...

**MacLean:** Anns an t-sabhal?

**Holliday:** Anns an t-sabhal.

**MacLean:** Bhiodh e air a thogail suas anns an t-sabhal is bhiodh e...bhiodh e air a dhèanamh cha mhòr a cheart dòigh 's a bha iad a dèanamh mulan, bha e air a ghleidheadh anns a cheart dòigh 's a bha 's a' mhulan.

O, dais, aidh. O udalan, udalan. (swivel on a tether)

Bloinig. 'Fat'.

**Holliday:** Agus tiamar a bha sin air a' chleachdadh?

**MacLean:** Bloinig?

**Holliday:** Duine bloinig?

**MacLean:** Uill...dh'fhaodadh tu ' uisinn eachadh ann a sineach cuideachd ach 's ann a bitheantas mar a bhiodh iad a' marbhadh chaorach, 's a lethid sineach...àidh ma bha uabhas de 'fat' oirre 's e bloinig a dh'abradh iad...o nach ann air a' bheothach tha sin a tha bloinig.

Dallag. \*neo-shoilleir\* (dog-fish)

Bleith, cha chluinn thu bleith a-nis nas moth'. (grinding corn into meal)

An Iodhlann

**Holliday:** Cha chluinn! Cha chluinn.

**MacLean:** An-asgàidh...o, àidh...

Buaic.

**Holliday:** Buaic.

**MacLean:** Buaic, ‘wick’.

**Holliday:** ‘Wick’. À choinneal?

**MacLean:** Àidh, seadh. Àidh, bhiodh iad a’ dèanamh sineach a seo-ach cuideachd agus...

**Holliday:** Air streang?

**MacLean:** Àidh, agus bhiodh crùisgean dubh, bhiodh buaic ann agus ’s e...meadhan na luachair a bha iad ag ùisinneachadh, bha iad a’ rusgadh air falbh an rud uaine bhon a luachair is bha thu air fhàgail leis a’ mheadhan.

**Holliday:** ‘Pith.’

**MacLean:** Sin agad e ‘pith’, sin agad e!

Agus, o, buailtean...

**Holliday:** Tha sin againn.

**MacLean:** Mul. Mul-chlach. Chi thu mun cuairt Tiriodh e ann a seo-ach, chi thu seann mhul tha seo-ach bha ann o chionn na mìltean bliadhna, is chi thu e ag atharrachadh, thàinig... dh’abrainn...tha sineach –

**Holliday:** Miodar?

**MacLean:** Tha ’s a Mhiodar.

**Holliday:** Tha agus, anns Na Cùiltean cuideachd?

**MacLean:** Cuideachd, sin agad...mul-chlach.

**Holliday:** Mul-?

**MacLean:** Mul-chlach.

**Holliday:** Mul-chlach.

**MacLean:** Mul-chlach.

Cabhsair. Bha e air ùisinneachadh ann an diofar...airson diofar rudan ann an Tiriodh, cabhsair, ’s e far am biodh, ann am bàthach, far am biodh beothaichean air an dà thaobh den

## An Iodhlann

bhàthaich agus bha, bha dà chlais' anns a bhàthach, agus bha an cabhsair eadar an dà chlaise, faodaidh tu faighinn mun cuairt air an trì tràthan a leud, bha sineach airson a' bhara thoirt a-staigh eadar an dà chlaise.

**Holliday:** Tha mi a' tuigsinn.

**MacLean:** Cabhsair.

Caitcheann.

**Holliday:** Caitcheann.

**MacLean:** Caitcheann. Chan eil a sin ach 'common grazing, common land', eil fhios agad, tha falbh leis a' chuid as motha de na croitean, eil' fhios agad, caitcheann, dh'fhaodadh e a bhith air a' mhachair is dh'fhaodadh e bhith air sliabh, taobh a-mach na croite, agus bha seàr (share) aig a h-uile duine bha croit aige mun cuairt a sineach. Caitcheann.

Canach.

**Holliday:** Cha chuala mi sin..

**MacLean:** Cha chuala mi sineach on a bha mi òg, 'porpoise', o seadh, canach.

Sioman...seann, seann facal tha sin cuideachd, 'straw rope'. Sioman càmhlaich.

**Holliday:** Dè th'ann an...canach an t-slèibh?

**MacLean:** O, tha cuideachd, tha caran, 's e rud...

**Holliday:** 'S e rud eile?

**MacLean:** Àidh, 'bog cotton'. 'S e canach an t-slèibh a tha sineach...

**Holliday:** 'S e an aon fhacal.

**MacLean:** 'S e an aon fhacal a th'ann.

**Holliday:** A cheart fhacal, tha canach an t-slèibh agus canach...muir.

**MacLean:** Àidh, sin agad e.

**Holliday:** Tha mi a' tuigsinn.

**MacLean:** Caob. Bha am fear sin agad.

**Holliday:** Caob.

**MacLean:** Caob, 'pios of cake' no rud sam bith mar sin.

Caochladh. 'S iomadh caochladh a thig air an t-saoghal. 'Change'.

## An Iodhlann

Toinneamh. ‘Twist’.

O...Caoin...shaoil mi gur e c-r...c-a-o-i-n...

Caoin. Tha...tha an sgrìobhadh agamsa, tha e uabhasach, cha teid agam fhìn air a’ leughadh!

**Holliday:** Tha e glè mhath!

(Gaireachdainn)

**Holliday:** ‘Eil sin ag radh...’s e ‘hay’...tha...feur a th’ann...

**MacLean:** Àidh, uill...‘seasoned’...

**Holliday:** Seann feur?

**MacLean:** O, uill, feur ùr, mar a tha e air a ghearradh ach gu feumadh e bhith air fhàgail gus a falbhadh beagan den t-sùgh às, mar a dh’fhàsadh e caoin.

**Holliday:** ‘S e rud math a tha sin...

**MacLean:** ‘S e, ‘s e, ‘s e...

**Holliday:** Uhuh, tha mi a’ tuigsinn...

**MacLean:** Cuach. Wooden pail a dh’abrath iad an seo.

**Holliday:** Dè an cumadh a bhitheadh an cuach, an e car ‘flat’ no...? Chan e bucaid a th’ann?

**MacLean:** ‘S e, ‘s e, ach bhiodh i air a dèanamh fiadhaich furast’ - cha robh i a’ tighinn a-mach an dòigh a tha iad an-diugh, mar na peilichean an-diugh, cha robh i ach dìreach sìos is suas, bha i na b’fhasa dèanadh.

**Holliday:** Bha.

**MacLean:** Farmail. Sin agad, e, chan urrainn dhomh radh gun fhaca mi riamh farmail, ach ‘s e...faodadh tu ag radhnn’ gur e ballan a bh’ann cuideachd.

**Holliday:** Àidh. Sin airson mùn?

**MacLean:** Farmail, ghleidhidh i mar fhichead...Àidh...

**Holliday:** Canaidh tu sin?

**MacLean:** Dh’fhaoidte gun gleidheadh i fichead no coig galan fhichead no rudeigin mar sineach.

**Holliday:** Tha mi a’ tuigsinn.



An Iodhlann

**MacLean:** Calg. Cha chluinn thu sin an là an-diugh.

**Holliday:** Cha chluinn!

**MacLean:** Bhiodh e breith ann ad aodach san 's bhith tu làn dheth cuideachd...

**Holliday:** Bha...gu math mi-chomfhurtail?

**MacLean:** Àidh. Buarach, 'cow-fetter', tha am fear sin agad, is tha langaid agad cuideachd.

**Holliday:** Langaid? Dè tha sin, cha chuala mi sin.

**MacLean:** Nach cuala?

**Holliday:** Langaid?

**MacLean:** Mar a rachadh an rud...anns a' bhàthach...

\*pause in recording\*

**MacLean:** ...\*neo-shoilleir\* bha de...ann a shin ach, agus bha ròpa, 's e sioman-ruadh a chunna mise gu do...a' chas thoisich is a' chas dheirich, nam biodh an laogh na sheasamh dìreach mar sineach bhiodh dìreach am fad' sin, 's e na sheasamh gu nàdarra, de ròpa air an darna taobh dheth, a' chas thoisich agus a' chas dheirich, 's cha b'urrainn dhaibh a' ruith luath ann, dh'fhaodadh iad iad fhèin a' chioramachadh ann an gàraichean 's ann a feansaichean 's a lethid sin mur a biodh sin air a' chur orr', mar a chitheadh iad a' ghrian an toiseach bha iad a' cragadh, sin agad e.

**Holliday:** Bha...

**MacLean:** Eh, langaid...nach e sin...o, 's e, sin agad tàcharan. 'S e 'tàchara' a dh'abradh iad an seo-ach.

**Holliday:** Tàchara.

**MacLean:** Tàchara, ach 's e tàcharan. E, mar a bha iad ga ùisinnachadh an seo 'nach e tàcharan grànna', mar sin, car...facal car 'derogatory' a bh'ann tha thu faicinn, ach e, 's e tàcharan, 's e...bha iad a' creidsinn na lethid sin de rud co-dhù, gun toireadh sibhearan air falbh leanabh sam bith \*neo-shoilleir\* is fear de na daoine aca fhèin na àit'. Agus 's e an t-àite mu dheireadh a thachair sin ann an Tiriodh, ma tha math dhuit mòran creidsinn a' dèanamh air an rud, 's ann thall ann a Rubhaig, ann an croit-

**Holliday:** Roddy MacLeod?

**MacLean:** No, 's ann aig Alasdair aig Donnachadh a bhios i a-nis, shios ris an t-sliabh, a' Chroit Dhubh dh'abradh iad rithe. Fhios agad, an t-seann rathad air falbh bhon Bhroc, tha dol dìreach sìos, is gheibh thu null an cladach gun Dùn Mhòr? Ri taobh na \*neo-shoilleir\*... a' dol a-mach gun t-sliabh? Sin agad a' Chroit Dhubh.

## An Iodhlann

Agus, e, tha nàidheachd air \*neo-shoilleir\* airson dol a-staigh ann co-dhiù gun deach an tàcharan seo fhàgail is iad a' buain, e, tha...- fear is bean a bh'ann, agus bha pàiste beag aca, ach chuir iad am pàiste ann am fàsgadh adag, is cha robh iad fiadhaich fad air falbh nuair a thill iad, 's e diofar creutair air fad a bh'ann an àite a phàiste bha sineach, cha robh fhios aca air an t-saoghal dè eile...cha sguireadh e a' chaoineadh 's chan itheadh e ni is...bha bodach shìos mun Bhroc an àiteigin a sineach, 's thuirt am bodach riutha, e, chan e pàiste agaibh pèin tha sineach ann ach rud a dh'fhàg na sìthichean, na sìbhrean ann, tàcharan, ach thuirt e, bheir mise dhuibh rud agus, be gu dè, chan eil cuimhn' agam dè rud a thug e dhaibh, ach thuirt e 'Theid sibh a-mach gu Sòthaigh Rubhaig, agus gheibh sibh taobh creige aig Port Bealach na Ciste, am pàiste agaibh pèin, ann an Sòthaigh, agus dh'fhalbh iad an sin agus fhuair iad am pàiste aca fhèin air ais...bha rudeigin aca ri dhèanamh cuideachd son an fhear seo, a' dhearbhadh gur e tàcharan a bh'ann, e, nis an e clobha no rudeigin a dh'iarr am bodach às a Bhroc a' chuir anns an teinich agus a' shìneadh don...

**Holliday:** Tongs?

**MacLean:** Àidh, mar a rug e air an rud theth a bha seo, thug e raic as 's chàidh e mach ro mhullach an taighe.

(Gaireachdainn)

**Holliday:** Bha sìbhearann ann an Cnòc Ille Chalum, an e sin an àite?

**MacLean:** Chan eil fhios 'am, bha...bha mòran de dh'àiteanan ann an Tiriodh 's bha sìbhearann ann...\*neo-shoilleir – ciallachadh?\* a bhith ann ach chan eil fhios agamsa. Dh'fhaoidte, dh'fhaoidte...

**Holliday:** Cachaileith

**MacLean:** Cachaileith. Bha gu leòr dhiùbh sineach ann an Tiriodh aig aon àm...bha cachaileith eadar a h-uile baile, agus bha cachaileith eadar a h-uile croit agus sliabh agus bha, 's e geata sònraichte a bh'ann an cachaileith, am 'pivot' aig a' gheata, bha àird mhòr ann, no dh'fhaodadh ochd troighean de dh'àirde bhith ann, abair gur e geata bha sin, bha am posta seo, bha suas àrd, àrd, agus bha 'stay' air a chur ris, nuas ris an oisean seo ga ghleidheil suas.

**Holliday:** Tha mi a' tuigsinn. Eadar a' chroit agus an sliabh? No eadar an ùtraid agus an sliabh?

**MacLean:** 'S e clach mhòr a bha seo-ach agus rud coltach ri cuineag innte, bha posta... 'pivot stone'.

**Holliday:** 'S e.

**MacLean:** Ìotadh, nach fhaca sinn am fear sin cheana?

**Holliday:** Àidh.

**MacLean:** Ìotadh. Camhanaich. Anns a' chamhanaich 's tu g'eirigh, 'early morning.'

**Holliday:** Mhm.

An Iodhlann

**MacLean:** A' chamhanaich.

Càth. Winnow.

**Holliday:** Tha mi càthadh?

**MacLean:** Uill, dh'fhaodtadh tu...uill 's e... 's e, airson a bhith ceart 's e, 's e càthadh, ach 's e càth, 's e an 'chaff'. Chan eil fhios 'am tiamar a fhuair mi sin. Cath, uill cath 'or' cathadh a-rithist. 'Drifting snow', tha cathadh.

Cathan. 'Barnacle goose.' Cathan.

**Holliday:** Dè gèoidh, a bheil ainmean eile air na gèoidh ann an Tiriodh? 'White fronted goose' agus na gèoidh eile?

**MacLean:** 'White front goose' a bha seo-ach, e... 's e, o dè... 's e gèadh-glas a bha air an fhear mhòr co-dhiù.

**Holliday:** 'S e.

**MacLean:** Greylag. 'S e gèadh...àidh, bha rudeigin ri dhèanamh ris an 'white front' tha seo ach, e, chan eil cuimhn' agam air...dh'fhaoidte gun tig e air ais thugam.

**Holliday:** Àidh, dh'fhaoidte.

Searbh.

**MacLean:** Searbh. O, nach fhaca sinn am fear sin cuideachd, càite ma...

**Holliday:** Bha sin agaibh cheana. Sin agaibh e, dallanag.

**MacLean:** O, dallanag.

**Holliday:** Dè tha sin?

**MacLean:** Uill, sin agad, toll a bhiodh ann a...balla, taobh a-staigh na bàthach, far am biodh iad a' cur iomadh rud, a' gleidheadh iomadh rud, nach biodh iad air an ùrlair. Langaidean, 'm bi gu dè eile, na cuachan no ni a bh'aca airson na bleoghain no a lethid sin, bha iad air an cur a sin is bha iad suas is cha robh iad air an ùrlair is bha iad gu sàbhailte mar sineach. Agus 's e toll uinneag...

**Holliday:** 'S e.

**MacLean:** Toll uinneag a bha a' ciallachadh....

**Holliday:** Dallanag.

**MacLean:** Dallanag. Bha 'blind-window'.

## An Iodhlann

Carbhanach. Cha chluinn thu facal sin a-nis nas mòth'. Bream.

**Holliday:** An robh carbhanaich math itheadh?

**MacLean:** Bha iad ag raidhinn' gu robh. Ach, bha iasgach carbhanach a seo-ach agus 's ann a-mach bho Shòthaigh Cholla a bha...an t-àite bha sònraichte math airson carbhanaich. Och, bha sineach air falbh mun d'rugadh mise, bha...

**Holliday:** Còthaigh Cholla, ca' bheil sin?

**MacLean:** Sòthaigh.

**Holliday:** O, Sòthaigh Cholla.

**MacLean:** Àidh, dìreach a-mach dìreach bho Shòthaigh Cholla, bha grunn a sineach bha coltach a bha math airson carbhanach.

Clàd.

**Holliday:** Cha chuala mi sin...clàd...dè 'tool' a bhitheadh...?

**MacLean:** Àidh, bha e coltach ri 'hoe' ach gu robh e mòr, fhios 'ad, bha...bhiodh aon choig oirlich dheug ann, dh'fhaidte gu robh ceithir gu sia òirlich a dhoimhneachd ann, agus shlaodadh e leis uabhas de..., bha e math airson sneachda cuideachd aig an àm, mar a bha uabhas sneachd aca ann a...anns an eilean seo...

**Holliday:** Tarraing? Stuth sam bith...

**MacLean:** A' tarraing, àidh...

**Holliday:** Clàd.

**MacLean:** Clàd.

Caisleachan. Dh'abradh iad ann a seo 'taslachan'. Ach 's e caslachan am facal ceart. 'S e treadle.

Feòraich. 'Inquire'. Tha am fear sin agad co-dhiù, àidh.

Ceap, 'shoemakers last'.

Gu suthainn.

**Holliday:** Suthainn.

**MacLean:** Gu suthainn, gu suthann...

**Holliday:** 'Forever more'.

**MacLean:** Àidh. 'Perfect.'

An Iodhlann

Clùd.

**Holliday:** Clùd.

**MacLean:** Clùd. Bha m' sgoil ann an Rubhaig, o, bha ann ro m' àm-sa co-dhiù 's fear bhiodh thu a' faicinn \*neo-shoiller\* bha gùn air, bha clùd air, agus nuair a bha e fàs doirbh bhiodh e ga bhualadh, a' bualadh na clùd aige fhèin.

(Gaireachdain)

Och, dh'fhaoidte nach e gùn a bh'ann. Ach tha, dh'fhaoidte nach e gùn a bh'ann, gur e, gur e, àidh, 's e tha mi a' smaointinn gur e gùn a bh'ann.

E, Iuchair. Uill, tha sin 'key' no 'roe of fish.'

**Holliday:** Sin... 's e mealag cuideachd a tha sin... 'female roe' no 'male roe'...dè tha?

**MacLean:** Mealag, uill tha, 's e realag...chan...iuchair nach eil abaich a th'ann am mealag. 'Eil fhios agad dè tha mi ciallachadh le sin, chan eil...chan eil an iuchair 'mature', chan eil na 'gruileanan' beaga tha sineach ann am mealag ann, chan eil ann ach rud sleamhain...

**Holliday:** So tha mealag nas sinne na iuchair?

**MacLean:** Tha.

**Holliday:** Tha mi a' tuigsinn, tha. 'Ok'. Stairsneach.

**MacLean:** Stairsnich. 'Threshold.' Chan fhaigh thu far na stairsnich seo!

**Holliday:** Chan fhaigh!

(Gaireachdainn)

**MacLean:** Dè air an t-saoghal a tha seo, o, àidh àidh, campar.

**Holliday:** Campar.

**MacLean:** Campar. Tha mi fo champar. Dè an t-òran tha seo le campar? Bruthaichean Ghlinn Braoin...

*Gur e mis' tha sa champar, 's mi fo chis anns an àm seo,  
Ann am prìosan na Frainge fo ainneart 's gach aon...*

'S e campar, àidh...

Calcadh.

**Holliday:** Dè stuth a bha iad a' cleachdadh airson calcadh? Seòrsa de streang no...?

An Iodhlann

**MacLean:** Dè seo an t-ainm a bh'air siud a-rithist? Cainb. 'Hemp'.

**Holliday:** O, seadh.

**MacLean:** Cainb, àidh.

**Holliday:** Cainb.

**MacLean:** Calcadh.

Muing. Mhuing an eich. 'Mane.'

Damhan-allàidh!

**Holliday:** Damman-allàidh?

**MacLean:** Damhan, cuir. D-a-m-h-a-n.

**Holliday:** Damhan.

**MacLean:** Damhan-allàidh. 'Spider.' Lìon an damhan-allàidh – 'spider web'.

Cha chreid mi nach d'thàinig sinn gu cheann, nach d'thàinig...

**Holliday:** Sin agaibh e! De th'agaibh airson 'mushroom'?

**MacLean:** Balg a losgainn.

**Holliday:** Balg?

**MacLean:** Balg a losgainn.

**Holliday:** Balg 'a' losgainn.

**MacLean:** Balg a losgainn.

Tha gu leòr eile agam cuideachd...de...

(Guthan eile is miagail a' chait)

... 's ann fìor chorr uair agus faodaidh tu bhith cinnteach mar a tha mi a-mach air falbh bhon taigh thig facal nam chuimhne agus chan eil peann, chan eil pencil is chan eil ni a'am a sgrìobhainn sìos air mo laimh e. Nuair a thilleas mi dhachaigh chan eil an corr cuimhn' air, tha e air falbh.

**Holliday:** Tha.

**MacLean:** (Gaireachdainn) Bheir leat sin!

**Holliday:** Am faod mi dìreach, leth-bhreac...?

**MacLean:** Gu deimhinn, rud sam bith. Bhiodh e na b'fhasa dhèanamh a-mach nan robh leth-bhreas dhe sineach ann co-dhiù.

**Holliday:** Ach, àidh.

**MacLean:** \*neo-shoilleir\*... 's cha dean mi fhìn a-mach ach pairt dhe!

(Gairdeachdainn)

Tha uabhas de dh'fhacail agamsa nan tigeadh iad air ais thugam!

(Miagail a' chait)

### Clàr-amais

- Gèimhleag (crowbar)
- Ìobairt (sacrifice)
- Farachan (mallet)
- Faiche (shellfish/crustacean burrow/hiding place)
- Mabach (stammering/stottering)
- Tart (thirst)
- Lunndaire (an idle or lazy person)
- Malcadh (rotting, particularly wood)
- Glamradh (vice/wooden vice)
- Dòrlach (hand or fistful)
- Connlach (straw)
- Taod (head-rope)
- Geinn (wedge/large or thick piece of anything)
- Falman (kneecap)
- Imcheist (anxiety)
- Malairt (trade)
- Faidhir (fair)
- Stuama (steadfast)
- Neoni (nothing or very little)
- Cladhaire (slang for idiot but literally churchyard dweller)
- Furas (patience)
- Iall (thong or strap)
- Buailtean (flail swiple, part that threshes corn)
- Làmhchrann (flail handle)
- Garadh (warming)
- Feabhas (improvement)
- Luime lom (absolutely bare)
- Tàl (adze)
- Innean (anvil)
- Geilb (wood chisel)
- Snasail (well made, smart)
- Gaoid (defect in health)
- Faradh nan cearc (hen-roost)

## An Iodhlann

- Fannadh (setting hand lines)
- Golmanach (sculling)
- Ealag (chopping block)
- Dis (prone to feeling the cold)
- Teis-meadhan (right in the middle)
- Gearnal (A large meal-chest with three sections, for oatmeal, white flour and wheat flour. Every house had one).
- Gàbhaidh (terrible)
- Farchluais (evesdropping)
- Cluaiseadh (evesdropping)
- Nochd (reveal)
- Stri (struggling)
- Ailbheag (chain link)
- Fualaid (fuarlit', poultice)
- Fuathasach (terrible, common in Islay)
- Anabarrach (very)
- Fasgnag (winnowing fan)
- Criathar (riddle/sieve)
- Càth (chaff)
- Fàrdachd (dwelling)
- Sùcan (earthen pot)
- Tarcluis (contempt/scorn)
- Àmh/tàmh (rest)
- Sùiste (flail)
- Bèarn (gap)
- Deanmholta (made strongly or made well)
- Falaisg (burning the heather/grass to cultivate land)
- Tha, da rìreabh (yes, indeed)
- Ultach/eallach (load, burden)
- Filleadh (fold or hem)
- Cuinneag (wooden pail/freshwater spring/shallow in a rock)
- Umpaidh (dunce)
- Oitir (headland)
- Athadh (abhagh, a change)
- Aimsir (weather)
- Aiteamh (thawing/making a bad situation worse.)
- Mòr am beud e (what a pity or loss)
- Càblaid (hindrance)
- Adag (haddock/small hat/tip)
- Ìotach (thirst)
- Daise (oblong hay rick)
- Udalan (Swivel on a tether)
- Bloinig (fat, as in fat on a sheep)
- Dallag (dog fish)
- Bleith (grind)
- An-asgaidh (free)
- Buaic (wick)



## An Iodhlann

- Crùisgean Dubh (kind of oil lamp)
- Mul-chlach (raised beach)
- Clais (furrow)
- Cabhsair (path/pavement/walkway)
- Caitcheann (common grazing)
- Machair (low lying fertile plain)
- Sliabh (moor or boggy ground)
- Canach (porpoise)
- Sioman (straw woven rope)
- Canach an t-slèibh (bog cotton)
- Caob (piece of something, e.g piece of cake)
- Caochladh (change)
- Toinneamh (twist)
- Caoin (soft, mellow)
- Cuach (wooden pail, milking pail, straight up and down pail)
- Farmail (water pitcher)
- Calg (sharp, pointed thing, bristles or prickles)
- Buarach (cow fetter)
- Langaidd (horse fetter)
- Tarcharan/tachara (changeling)
- Clobha (tongs)
- Cachaileith (stone gate between townships and crofts)
- Ùtraid (access road to common grazing or common land)
- Camhanaich (morning twilight)
- Càth (winnow/chaff)
- Cath/cathadh (drifting snow)
- Cathan (barnacle goose)
- Gàadh-glas (greylag goose)
- Dallanag (blind window, often used for storage in a stable for example)
- Carbhanach (bream)
- Clàd (a rake like tool, also like a hoe but bigger.)
- Caslachan (treadle)
- Ceap (shoemakers last)
- Gu Suthainn (forever more)
- Clùd (old cloth or rag that is worn)
- Iuchair (key or fish roe)
- Mealg (fish roe not yet mature)
- Stairsneach (threshold)
- Campar (grief/sorrow)
- Calcadh (caulking)
- Cainb (hemp)
- Muing (horses mane)
- Damhan-allaidh (spider)
- Balg a Losgairn (mushroom)